

Nàdar na h-Alba Ag Atharrachadh Bradán



NatureScot
NàdarAlba

Scotland's Nature Agency
Buidheann Nàdair na h-Alba

Nàdar na h-Alba Ag Atharrachadh

Bradán

NÒTAICHEAN NÀDAIR



Siostam rabhaidh tràth

Tha bradan fiadhaich a' Chuain Shiar mothachail do dh'atharrachadh. Innsidh e dhuinn tràth ma bhios dad ceàrr san eag-shiostam san fharsaingeachd.


1 MILLEAN



400,000

Bho phailteas gu gainnead

Bho na 1970an, thathar a' tomhas gu bheil an àireamh gu lèir de bhradain a bhios a' tilleadh a dh'aibhnichean na h-Alba air crìonadh bho mu 1 millean gu 400,000.



Ann an cunnart

Tha bradan a' Chuain Shiar ann an 'Cunnart' ann am Breatainn mar thoradh air crìonadh de 30-50% san àireamh dhiubh ann am Breatainn bho 2006.




Mar phàirt de dh'eaconamaidh na h-Alba

Tha am bradan am measg nan creutairean as aithnichte ann an Alba. Tha e a' cur gu mòr ris an eaconamaidh dhùthchail tro thurasachd 's fastadh. Tha measadh buile air iasgaireachd fiadhain ann an Alba gu lèir, a' gabhail a-steach a' bhradain, a' cur luach còrr 's £100 millean ann agus tha 4,300 dreuchd co-ionann ri làn-ùine na chois.



Atharrachadh na gnàth-shìde

Tha buaidh aig atharrachadh na gnàth-shìde air imrich, cladhadh 's sgaoidhadh bradan fiadhaich a' Chuain Shiar.



Teothachd agus craobhan

Tha na h-aibhnichean a' blàthachadh ri linn atharrachadh na gnàth-shìde. 'S urrainnear aghaidh a thoirt air seo le bhith a' cur craobhan air bruachan nan aibhnichean, ach feumaidh iad co-dhiù 20 bliadhna mus bi iad mòr gu leòr airson sgàil a dhèanamh. Feumaidh sinn cumail oirnn a' cur craobhan airson am bradan a chuideachadh.

Nàdar na h-Alba Ag Atharrachadh

Bradán

RÌGH NAN IASG



Tha am bradan air a bhith cudromach ann an cultar na h-Alba a-riamh. 'S e samhla a' ghliocais a th' anna agus tha iad a' nochdadh air clachan snaidhte nan Cruithneach 's ann an [seann sgeulachdan](#).

Nì bradan fiadhaich a' Chuain Shiar cladhadh ann an aibhnichean na h-Alba. Thig an siol asta san earrach agus bidh iad san abhainn 2 no 3 bliadhna nan gillean-ruadh. 'S e geala-bhradan a chanar riutha an uair sin agus thèid iad seo dhan chuan far am bi iad bliadhna no trì agus chan eil cus eòlais againn air na nì iad an sin. Aig a' cheann thall nì iad a-rithist air an abhainn anns an do rugadh iad.

Tha iomadh gnè eile an eisimeil air an iasg shònraichte seo. Leis gu bheil iad mothachail do dh'atharrachadh, innsidh iad dhuinn tràth ma tha rudeigin ceàrr san eag-shiostam mhòr. Ithidh mamalan, leithid an dòbhran, 's eòin a dh'itheas iasg, leithid an lach-fhiaclach, iad. Tha am bradan am measg nan creutairean as aithnichte ann an Alba 's a' cur gu mòr ris an eaconamaidh dhùthchail tro thurasachd 's fastadh.

Bho na 1970an, thathar a' tomhas gu bheil an àireamh gu lèir de bhradain a bhios a' tilleadh a dh'aibhnichean na h-Alba air crìonadh bho mu 1 millean gu 400,000. Chan eil bradan a' Chuain Shiar ri lorg ach ann am beagan nas lugha de 400 abhainn ann an Alba, 200 km² de bhith-àrainn aibhne.

Faodaidh measgachadh ghnothaichean buaidh a thoirt air a' bhradan, an dà chuid ann am fìor-uisge 's aig muir. Tha dian-tuathanachas uisge, bacaidhean leithid dàmaichean 's cairidhean, atharrachadh na gnàth-shìde agus sealg uile a' toirt buaidh air a' bhradan aig muir 's ann an àitichean air a' chosta. Tha feum aig a' bhradan air aibhnichean a tha ann an deagh stait bhon mhàthair-uisge dhan mhuir.

Tha e riatanach dhan bhradan gum mair iad beò aig muir. Tha sealg, parasaithean 's galaran, agus tuathanasan bradain coimeirsealta am measg nan gnothaichean a bheir buaidh air seo. Chan eilear a' tuigsinn ìre na buaidh bho atharrachadh na gnàth-shìde ro mhath fhathast, ach tha am bradan glè mhothachail air atharrachaidhean ann an teothachd an uisge.

Tha am bradan na ghnè fo dhìon agus bho 2021 gu 2024 dh'fhosgail sgìre 1400km a bharrachd a dh'fhaid ann an Alba nuair a thugadh bacaidhean air falbh. Às dèidh crìonaidh fad ùine mhòir, tha na h-èisg a' tilleadh do mheasgachadh de dh'aibhnichean, leithid Abhainn Chluaidh 's grunn aibhnichean ann an Linne Foirthe ann am meadhan na h-Alba.

Dealbhan © Chris Conroy / Jessica Spengler, Creative Commons

Nàdar na h-Alba Ag Atharrachadh

Bradán

CUNNARTAN

Faodaidh measgachadh mòr de rudan buaidh a thoirt air bradan a' Chuain Shiar, an dà cuid ann am fìor-uisge 's aig muir. Tha iad gan comharrachadh le Ro-innleachd Bradan Fiadhaich na h-Alba aig Riaghaltas na h-Alba.

Tart

Tha samhraidhean nas tiorma a' fàgail nas lugha de dh'uisge sna h-aibhnichean. Tha droch bhuidh aig sin air siubhal a' bhradain (Dàm-Samh). Thathar an dùil gun tèid an àireamh de thartan cruaidh an àrd bho aonan gach 20 bliadhna sa chumantas gu gach 3 bliadhna ann an ùine nach bi fada.




Sileadh

Mar a thuiteas barrachd uisge gu h-àraid le frasan troma 's grèisean fada de dh'uisge, fàsaidh sruth nan aibhnichean nas luaithe. Dh'fhaodadh gun cuir sin às do dh'aitichean far am beir am bradan uighean aig àm a' chladhaidh (Samh-Dùbh).



Teas an Uisge

Tha am bradan cleachdte ri fuireach ann an uisge fuar. Mas as blàithe an t-uisge ri linn atharrachadh na gnàth-shìde 's ann as mìosa a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith air a' bhradan.




Cnapan-starra

Tha bacaidhean leithid dàmaichean 's cairidhean nan cnapan-starra do shiubhal a' bhradain, a tha na phàirt riatanach de chuairt-bheatha nan iasg.



Galaran, parasaiten 's gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheach

Tha am bradan buailteach ri diofar ghalaran 's parasaiten fhulang. Tha gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheach, mar am bradan-crotach a tha a' sìor-fhàs nas pailte ann an aibhnichean na h-Alba a-nis, ann am farpais ris a' bhradan dhùthchasach airson biadh 's raon.



Càileachd an uisge

Feumaidh am bradan uisge glan anns a bheil tòrr ogsaidein. Tha e glè mhothachail do thruaillleadh san uisge, a' gabhail a-staigh na shìleas à ionadan-òtrachais, àiteachas 's obair coilltearachd.



Mial na mara

Faodaidh ìrean nas àirde de mhial na mara a bhith ann ri linn tuathanasan-èisg. Tha seo a' toirt buaidh air slàinte nam bradan fiadhain.



Leasachaidhean aig muir

Faodaidh droch bhuidh a bhith air leasachaidhean airson cumhachd ath-nuadhachail aig muir air a' bhradan ri linn diofar adhabharan leithid fuaim.

Nàdar na h-Alba Ag Atharrachadh

Bradán

GNÌOMHAN

Feumaidh eag-shiostaman fallain a bhith againn airson am bradan a chuideachadh bhon mhàthair-uisge dhan mhuir.

■ Leasachadh bith-àrainnean nan aibhnichean

Gabhaidh aibhnichean 's na bith-àrainnean annta a leasachadh le bhith a' cur craobhan a bheir sgàil 's a chumas na h-aibhnichean nas fhuaire. Tha freumhan nan craobhan a' toirt fàsghadh dhan iasg agus tha duilleagan marbha a' tuiteam dhan uisge ag àrdachadh na th' ann de neo-dhrum-altachain ri ithe. Tha sgàil nan craobhan ag isleachadh teothachd an uisge agus tha na freumhan a' lùghdachadh tuitlean le bhith a' glèidheadh sìleadh air an fhearann. Tha ath-shlànachadh nam mòintichean a' cur ri leigheas bith-àrainnean a' bhradain le bhith a' toirt piseach air an uisge agus a' lùghdachadh carbon san adhar.



■ A' cur às do chnapan-starra

A' cur às do chnapan-starra - a' gabhail a-staigh cnapan-starra eachdraidheil 's feadhainn co-cheangailte ri dealan-uisge, solar uisge poblach 's thaighean-staile - airson 's gun dèan am bradan siubhal nas fhasa. A' cur an sàs slighean èisg aig am bi fosglaidhean a-steach a tha furasta ri lorg.



■ A' glanadh ar n-uisgeachan

A' toirt piseach air na thig à ionadan-giullachd òtrachais 's a' leasachadh obair na coilltearachd airson 's nach truaille iad uisgeadain.

■ Gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheach

Tha na h-aibhnichean againn 's am bradan fiadhain an eisimeil air cuideachadh airson smachd a chumail air gnèithean neo-dhùthchasach leithid am bradan-crotach.



■ Co-obrachadh eadar-nàiseanta

Feumaidh cunnartan air a' chuan àrd co-obrachadh eadar-nàiseanta tro Bhuidheann-glèidhteachais Bradan a' Chuain Shiar (NASCO). A' leasachadh 's a' cur an sàs iomairt cho-òrdanaichte airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' bhuidheann a bhios aig atharrachadh na gnàth-shìde agus obair-leasachaidh cumhachd ath-nuadhachail aig muir. A' dìon 's a' leasachadh bith-iomadachd na mara tro Raointean Glèidhte Mara, agus a' cosnadh 's a' glèidheadh Inbhe Àrainneachd Mhath airson an dà chuid am bradan 's eag-shiostaman na mara san fharsaingeachd a chuideachadh.



Nàdar na h-Alba Ag Atharrachadh

Bradán

AG ATHARRACHADH NÀDAR NA H-ALBA

Cuidichidh iomairtean dhan bhradan fhiadhaich ri eag-shiostaman fallain a thoirt gu buil agus bheir sin buannachd dhuinne 's do ghnèithean eile.

Obraichean uaine

Tha a bhith a' cur chraobhan, a' cumail sùil air àireamh a' bhradain agus ag ath-shlànachadh mòinteach uile a' cruthachadh obraichean a tha ag ath-shlànachadh 's a' glèidheadh chruthan-tìr na h-Alba.

An eaconamaidh dhùthchail

Tha bradan fiadhaich a' Chuain Shiar a' cur gu mòr ris an eaconamaidh dhùthchail tro thurasachd 's fastadh. Às aonais iomairtean mar seo, fuilingidh na gnìomhachasan seo agus eaconamaidh na h-Alba.

Cultar

Tha bradan fiadhaich a' Chuain Shiar am measg nan creutairean as aithnichte ann an Alba. Feumaidh sinn teachd-shaoghal a' bheathaich seo a ghlèidheadh le bhith ath-shlànachadh aibhnichean 's muir na h-Alba.

Tasgadh carbon

Chan ann a-mhàin gun till grunnan-cladha a' bhradain fhiadhaich ma dh'ath-shlàinicheas sinn mòinteach 's aibhnichean, ach bidh bith-àrainnean eile gan leigheas airson carbon às an adhar a thasgadh, a' toirt aghaidh air atharrachadh na gnàth-shìde.

Barrachd na bradan

Tha am feusgan-neamhnaid fìor-uisge, mamalan leithid an dòbhran 's eòin a dh'itheas èisg uile an eisimeil a' bhradain fhiadhaich. Tha iomairtean airson a' bhradain buannachdail do dh'iomadh gnè fìor-uisge eile cuideachd.

A' cur am meud na bith-iomadachd

Ma chuireas sinn craobhan aig bruachan ar n-aibhnichean a-rithist, bheir sinn sgàil dhaibh, gan cumail nas fhuaire, a' toirt slighean siubhail do bheathaichean 's a' fosgladh bith-àrainnean suas 's sìos nan aibhnichean do dh'èisg-imrich. Bidh a h-uile rud seo math dhan bhith-iomadachd.

Dìon bho thuiltean

Chan ann a-mhàin èisg a gheibh cuideachadh bho leigheas nan aibhnichean. Ma thilleas sinn talamh fliuch suas air na h-aibhnichean agus ma nì sinn stiùireadh nas tapaidhe, glèidhidh an talamh barrachd uisge agus cruthaichidh fiodh-marbh chraobhan aig oirean nan aibhnichean dàmaichean aoidionach nàdarra, a' lùghdachadh cunnart thuiltean.



Dealbhan © Chris Conroy / Sue Scott / Lorne Gill / Rowan Aitchison